



## Tiotal: Nad phàrant/neach-cùraim (2)

### Pàirt 3: Cho cudromach 's a tha cluich/Am Baby Box

ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
'S urrainn dhomh mìneachadh cho cudromach 's a tha a bhith nad phàrant no nad neach-cùraim, an dleastanas iomadh-fhillte agus maireannach a tha na chois agus a bhuaidh air roghainnean is taghaidhean beatha. HWB 4-51a Tro rannsachadh, 's urrainn dhomh mìneachadh an taic a tha ri fhaotainn le pàrantan agus luchd-cùraim a tha a' coimhead às dèidh leanaban agus a' togail chloinne. HWB 4-51b	A' mìneachadh far am faighear taic do phàranta agus luchd-cùraim.

#### Amasan ionnsachaidh

- Gun tuig daoin' òga ròl pàrant/neach-cùraim.
- Gun tuig daoin' òga na dùblain a tha an lùib a bhith nad phàrant/neach-cùraim.
- Gun tuig daoin' òga a' bhuaidh a bhiodh aig pàiste air am beatha.
- Gun tuig daoin' òga cho cudromach 's a tha àrach agus cluich ann an adhartachadh pàiste.
- Gun ionnsaich daoin' òga cho cudromach 's a tha e a bhith a' sireadh cuideachadh agus taic mar phàrant.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu sgilean agus feartan pàrant/neach-cùraim.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na bhios pàrant/neach-cùraim a' dèanamh gus a bhith cinnteach gu bheil am pàiste aca fallain, toilichte agus sàbhailte.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu chuid de na dùblain a tha an lùib a bhith nad phàrant/neach-cùraim agus mar a gheibhear cuideachadh agus taic.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mun t-seòrsa parant/neach-cùraim a bhiodh annam.

#### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- This is me: The Child's Right to Play film goirid <http://ipaworld.org/ipa-video-this-is-me-the-childs-right-to-play/> (theirig sìos chun an fhilm bheurla)
- Fiosrachadh/The baby box: <https://www.parentclub.scot/baby-box#>
- Film goirid mun <https://www.youtube.com/watch?v=ZPONTczcPTs&feature=youtu.be>

*Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh curibh an bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

## Obair

1. Cuir obair a' chiad dà sheisean an cuimhne a' chlas – agus gum bi sibh fhathast a' coimhead air pàrantachd agus ròl fhireannach agus bhoireannach ann. Inns bhon a tha na seiseaan air cho cudromach 's a pàrantan/luchd-cùraim do fhallaineachd agus adhartachadh pàiste tha an seisean seo mu cho cudromach 's a tha cluich Explain that with the sessions being on how important parents/carers are to the wellbeing and development of the child this session is about playing and finding out about a special gift that all families with new babies get called the Babybox.
2. **Cluich.** Bu chòir eòlas a bhith aig daoin' òga air an UNCRC. Seall an slaighd mu Airtigil 31.

**Tha Airtigil 31 den United Nations Convention on the Rights of the Child ag ràdh gu bheil bheil còir aig gach pàiste agus neach òg air sìth agus cluich.**

Faighnich (còmhla ri caraid agus an uair sin còmhla ris a' bhuidheann gu lèir): *Carson a tha thu a' smaoineachadh gu bheil cluich cudromach do chloinn? Dè bhiodh tusa a' cluich nuair a tha thu beag? Cò bhiodh ag ionnsachadh dhut mar a chuicheadh tu? Am bi thu fhathast a' cluich? Dè tha air atharrachadh? (Mura do dh'èirich seo mar chuspair) Ciamaid as urrainn dhuinn a bhith cinnteach gu bheil balaich agus nigheanan saor gus cluich mar a thogras iad fhèin – gun ghnàth-iomhaighean ghnèitheasach?*

3. Às dèidh beagan còmhraidaibh coimheadaibh am film **This is me: The Child's Right to Play** <http://ipaworld.org/ipa-video-this-is-me-the-childs-right-to-play/> (faid 3 mionaidean 9 diogan) Theirig sios chun an fhilm Bheurla – 's e film goirid a tha seo a chaidh a chruthachadh leis an International Play Association a tha a' cuir cuideam air carson a tha cluich cho cudromach a thaobh còraichean pàiste. Brosnaich fios air ais/ceistean.
4. **Dè na 5 rudan as urrainn do phàrant/neach-cùraim airson a bhith cinnteach gun urrainn dhan phàiste aca cluich?** Ma tha còir aig pàiste air cluich tha e cudromach gun dèan pàrantan/luchd-cùraim cinnteach gu bheil cothrom aca. larr air na daoin' òga obrachadh ann an triùirean gus smaoineachadh air a' cheist. Faigh fios air ais. Meòraichibh air na freagairtean – an ann do bhèibidhean no do chlann òga a tha iad. Cuir an cuimhne nan daoin' òga gu bheil còir acasan fhathast/cuideachd air cluich – dè bu chòir do phàrant/neach-cùraim a dhèanamh airson taic a thoirt dhaibh?
5. **Am Bogsa Bèibidh/ The Baby Box:** <https://www.parentclub.scot/baby-box#> Inns dhan chlas mun Bhogsa Bèibidh. Tha dealbhan agus film goirid air an làrach-lin [www.parentclub.scot](http://www.parentclub.scot). Inns dhan chloinn gu bheil gach bèibidh a tha air a bhreith ann an Alba a' faighinn bogsa bèibidh. Tha tòrr de rudan na bhroinn a dh'fheumas bèibidh ùr, a' gabhail a-steach am bogsa fhèin far am faod bèib cadal gu sàbhailte gu aois sia mìosan. Coimhead am film goirid a tha 'sealltann a' bhogsa agus na tha na bhroinn (mura faigh sibh lorg air air an làrach-lìn tha e cuideachd ri fhaighinn an seo) <https://www.youtube.com/watch?v=ZPONtczcPTs&feature=youtu.be>). An uair sin leanaibh oirbh sios chun na ceistean, iarr ceistean air a' bhuidheann agus faigh na freagairtean le bhith a' coimhead air an làrach. (Tha pìos bàradachd le Jackie Kay an Makar nàiseanta anns gach bogsa cuideachd. Dh'fhaodadh sibh a leughadh.)

- 6. Bean-ghlùine no oifigear-slàinte a' tadhail.** Ged a tha na am film agus na làraich-lìn a' libhrigeadh an fiosrachaiddh a dh'fheumas sibh bhiodh e feumail cuireadh a thoirt do dh'oifigear-slàinte no bean-ghlùine ionadail gus tighinn a bhruidhinn ris a' chlas, a' toirt bogsa bèibidh leotha gus na tha ann a shealltainn agus innse mu dheidhinn. Faodaidh iad cuideachd an uair sin bruidhinn mun obair aca agus mu na tha a dhìth air pàistean is pàrantan. Ma nì sibh seo 's dòcha nach bi ùine gu leòr agaibh airson a' phios mu dheireadh gu h-ìosal. Gabhaidh seo toirt dhan chloinn mar bhileag airson a thoirt dhachaigh.
- 7. A' lorg fiosrachaiddh, cuideachadh agus taic ma tha thu and phàrant.** Airson deireadh an leasain seo daingnich a-rithist gu bheil sinn air ionnsachadh thairis air a' bhloc seo cho cudromach 's a tha ròl pàrant/neach-cùraim. Tha seo a' ciallachadh gu bheil e cudromach gum bi fios aca cait' am faigh iad fiosrachadh agus taic. Am measg àiteachan eile bithear a' coimhead air-loidhne. Iarr air a' chlas/bhudheann obrachadh ann an dithisean, thoir dhaibh cothrom air iPad/tablet/coimpiutar nno leig leis na daoin' òga na fònaichean làimhe aca a chleachdad. Iarr orra a dhol air-loidhne agus còimhead air aon (no barrachd) de na làraich-lìn seo. Inns dhaibh gu bheil aca ri coimhead air na làraich agus fios a thoirt air ais mi:
- Na tha an làrach a' tabhann do phàrantan/luchd-cùraim
  - Dè tha inntineach mun làrach
  - A bheil iad a' smaoineachadh gu bheil e feumail do phàrantan/luchd-cùraim agus carson.

An ceann greis faigh fios air ais mu na làraich-lìn.

**Parent Club** <https://www.parentclub.scot/>

**Play Talk Read:** <http://playtalkread.scot/>

**Communicating with Teens:** [https://www.relate.org.uk/relationship-help/help-family-life-and-parenting/parenting-teenagers/communicating-teens?gclid=EA1alQobChMlw5nxveHO3AlVSbftCh2nHA7aEAMYAiAAEgK0jfD\\_BwE](https://www.relate.org.uk/relationship-help/help-family-life-and-parenting/parenting-teenagers/communicating-teens?gclid=EA1alQobChMlw5nxveHO3AlVSbftCh2nHA7aEAMYAiAAEgK0jfD_BwE)

**Parent Line Scotland** <https://www.children1st.org.uk/help-for-families/parentline-scotland/>

**Parentzone** <https://education.gov.scot/parentzone>

**Young Scot Young Parents** <https://young.scot/ping>

### Beachdan eile

- Bhon a tha an seisean seo a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha cluich agus an ròl a th' aige carson nach cur sibh seisean cluich air dòigh san talla spòrs/raon-cluich? Sgiobadh?, geamaichean sràide tradiseanta, iarr taic air co-obraichean bhon raon spòrs/foghlam corpora. Faighnich do bhudheann coimhearsnachd/club às dèidh sgoile am biodh id airson tighinn a dhèanamh seisean air geamaichean sràide. Agus cleachd an seisean airson cuimhneachadh dha na daoin' òga an luch a tha ann an cluich agus cho cudromach 's a tha e.
- Tha postair air Airtigil 31 ri fhaighinn (bhon International Play Association) ma tha sibh airson leudachadh air an seo no airson athoirt seachad mar bhileag-fiosrachaiddh.

### Ceangal ris an dachaigh

- Tha fiosrachadh an cois an leasain: **An atharraicheadh bèibidh mo bheatha? Dè dh'fheumas pàrantan/luchd-cùraim?**

**Tha goireasan ionnsachaидh eile rim faighinn ceangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:**

- Nad phàrant: An atharraicheadh bëibidh mo bheatha? Dè dh'fheumas pàrantan/luchd-cùram?
- Nad phàrant: A' dèanamh ceangal ri agus ag altram do phàiste

**Nòtaichean Tidseir**